

CUMHACHAN IOMRAIDH NA COMATAIDH SGRÙDAIDH IS IONMHAIS

Ceann-latha Ath-sgrùdaidh: Bliadhna (Coinneamh AFC san Dàmhair)

AONTAICHTE AIG COINNEAMH BÙIRD AIR 28^{mh} SAAMHAIN 2019.

Tha am Bòrd air Comataidh Sgrùdaidh is Ionmhais (AFC) a stèidheachadh mar Chomataidh de Bhòrd Coimisean na Croitearachd gus taic a chur riutha nan dleastanasan a thaobh cùisean cunnairt, smachd agus riaghlaidh agus barantas co-cheangailte tro phròiseas de dhùbhlán cuideachail. Solaraidh an AFC taic don Bhòrd le sgrùdadh mionaideach air aithrisean ionmhasail, buidseatan agus molaidhean ionmhasail eile.

BALLRACHD

Bidh an AFC air a dhèanamh suas de thrì Buill Bùird neo-ghnìomha aig a' char as lugha. Ann an co-rèir ris an Achd Ath-leasachaidh Croitearachd 2010, bidh Neach-gairm a' Choimisein na Chathraiche air an AFC.

Thèid fastaidhean don AFC a dhèanamh leis a' Choimisean. Thèid fuincsean clèireachais a thoirt don AFC leis an Àrd-Oifigear.

Tha an Neach-gairm a bhith sa Chathair aig an AFC, ged a tha e ann an co-rèir ris an reachdas, gu dìreach an aghaidh deagh chleachdadh oir bu chòir don AFC a bhith a' faireachdainn saor gu riaghladh na buidhne gu h-iomlan ath-sgrùdadh. Gus dèiligeadh ris a' chomhstri seo, fastaidhidh an AFC Iar-Chathraiche. Tha an Neach-gairm a' tabhann leisgeul maireannach airson a bhith às-làthair agus ag ainmeachadh an Iar-Chathraiche gu bhith sa chathair aig na coinneamhan uile. Dhaingnich ar meur urrasachd, Gabhaltas Fearainn, gu foirmeil gu bheil iad riarichte leis an rèiteach seo air 28^{mh} Lùnastal 2013.

AITHRIS

Bidh an AFC gu foirmeil ag aithris don Bhòrd agus don Oifigear Chunntachail às dèidh gach coinneamh. Bidh dreach lethbhreac de gheàrr-chunntas na coinneimh a' dèanamh suas bunait na h-aithisg còmhla ri ùr-fhiosrachadh labhairteach air a thoirt seachad le Cathraiche an AFC.

Bheir an AFC Aithisg Bhliadhna don Bhòrd agus don Oifigear Chunntachail, air a timeadh gus taic a chur ri crìochnachadh air na cunntasan agus Aithris an Riaghaltais, a' dèanamh geàrr-iomradh air a cho-dhùnidhean bhon obair a tha dèante tron bhliadhna. Bidh an aithisg air a deasachadh le Cathraiche an AFC.

DLEASTANASAN

Bidh an AFC a' comhairleachadh a' Bhùird agus an Oifigear Chunntachail air:

Cùisean sgrùdaidh

- na pròiseasan ro-innleachdail airson cunnart, smachd agus riaghladh agus Aithris an Riaghaltais
- na poileasaidhean cunntasachd, na cunntasan, agus aithisg bhliadhna a' Choimisein, a' gabhail a-steach am pròiseas airson ath-sgrùdadh nan cunntasan mus cuirear a-steach iad airson sgrùdadh, ìrean mhearachdan air an comharrachadh, agus litir riochdachaidh an sgioba-stiùiridh gu na sgùdairean air an taobh a-muigh.
- a' ghnìomhachd phlanaichte agus toraidhean an in-sgrùdaidh agus an sgrùdaidh a-muigh.
- freagarrachd an fhreagairt on sgioba-stiùiridh do chùisean air an comharrachadh le gnìomh sgrùdaidh, a' gabhail a-steach litir/aithisg sgioba-stiùiridh an sgrùdaidh a-muigh.
- èifeachdas na h-àrainneachd smachd air an taobh a-staigh.
- barantasan co-cheangailte ri riatanasan riaghlaidh corporra don Choimisean.
- poileasaidhean bacadh-foill, pròiseasan innsireachd agus rèiteachaidhean airson rannsachaidhean sònraichte.
- gèilleadh do phrionnsapalan an Luaich as Fheàrr.
- leantainn beachdachadh air aithisg an Sgrùdaire A-muigh, aonta do na cunntasan bliadhna airson ainm-sgrìobhte leis an Oifigear Chunntachail.
- NO leantainn beachdachadh air aithisg an Sgrùdaire A-muigh, moladh aonta air na cunntasan bliadhna don Bhòrd airson ainm-sgrìobhte an Oifigear Chunntachail.

Cùisean ionmhais

- Cumaidh an AFC sùil aig gach coinneamh, air coileanadh ionmhasail a' Choimisein, tro sgrùdadh air aithisgean ionmhasail làithreach. Bheir iad cùisean draghail sam bith gu aire an Neach-gairm, Oifigear Cunntachail agus am Bòrd mar a bhios iomchaidh.
- Gach bliadhna, nì an AFC sgrùdadh air molaidhean mionaideach buidseit don ath bhliadhna ionmhasail, bheir iad cùisean sam bith a tha draghail gu aire an Neach-gairm, Oifigear Cunntachail no am Bòrd mar a bhios iomchaidh, comhairlichidh iad am Bòrd a thaobh aonta don bhuidseat.
- Bheir an AFC fa-near aig gach coinneamh, cùisean ionmhasail sam bith eile a' tighinn am bàrr agus bheir iad draghan no cùisean cudromach sam bith gu aire a' Bhùird.

Bidh an AFC cuideachd a' dèanamh ath-sgrùdadh gach bliadhna air èifeachdas fhèin agus aithris air toraidhean an ath-sgrùdaidh sin don Bhòrd agus don Oifigear Chunntachail.

CÒRAICHEAN

Dh'fhaodadh an AFC:

- buill a bharrachd a cho-thaghadh airson ùine nach bi nas fhaide na bliadhna, gus sgilean, eòlas agus fèin-fhiosrachadh speisealta fhaotainn; agus
- comhairle speisealta ad-hoc fhaotainn aig cosgais a' Choimisein, a rèir buidseatan air an aontachadh leis a' Bhòrd no leis an Oifigear Chunntachail.

COTHROM

Bidh cothrom saor agus dìomhair aig Ceannard an In-Sgrùdaidh agus riochdaire an Sgrùdaidh A-muigh air Cathraiche an AFC.

COINNEAMHAN

Is e na modhan-obrach airson choinneamhan:

- Bidh an AFC a' coinneachadh gu foirmeil ceithir tursan sa bhliadhna agus aontaichidh iad coinneamhan a bharrachd às dèidh sin tron bhliadhna, stèidhichte air feumalachd. Bidh seo ann an co-rèir ri prògram obrach an AFC (eisimpleir gu h-ìosal). A thuilleadh air an sin, faodaidh Cathraiche an AFC coinneamhan a bharrachd a ghairm, mar a tha e no i a' meas iomchaidh. Ann an co-rèir ris an Achd Ath-leasachaidh Croitearachd (Alba) 2010, faodaidh an Cathraiche Iar-Chathraiche fhadastadh bho bhuill an AFC gus gnìomhadh mar Chathraiche nuair nach urrainn don Neach-gairm a bhith an làthair. Faodaidh am Bòrd no an t-Oifigear Cunntachail iarraidh air an AFC tuilleadh choinneamhan a ghairm gus deasbad air cùisean sònraichte air a bheil iad ag iarraidh comhairle na Comataidh; bidh trì Buill den Chomataidh Sgrùdaidh air aig a' char as lugha le cuòram de dhithis. Bu chòir don mhòr-chuid de Bhuill a bhith nam Buill thaghte far an gabh sin a choileanadh.
- Gu h-àbhaisteach bidh coinneamhan an AFC air am frithealadh leis an Oifigear Chunntachail, an Ceannard Obrachaidhean is Sgioba-obrach, an Ceannard Didseatach is Leasachaidh agus am Manaidsear Ionmhais.
- Faodaidh coinneamhan a bhith air am frithealadh cuideachd, mar a bhios riatanach don Chomataidh, le Ceannard an In-Sgrùdaidh (no riochdaire iomchaidh) agus riochdaire bhon Sgrùdadh A-muigh.
- Tha còir aig an Sgrùdadh A-muigh coinneamh sam bith den Bhòrd no a Chomataidhean a fhrithealadh, ma bhios feum air sin a dhèanamh.
- Faodaidh an AFC iarraidh air oifigich sam bith eile no buill de luchd-obrach a' Choimisein frithealadh, gus cuideachadh le a dheasbadaan mu chùis shònraichte sam bith.
- Faodaidh an AFC iarraidh air cuid no orra uile a bhios gu h-àbhaisteach a' frithealadh, ach nach eil nam Buill, tarraing às gus deasbad fosgailte agus fosgarra a cheadachadh mu chùisean sònraichte.
- Bidh an clàr-obrach, deasbadaan agus geàrr-chunntas gu soilleir a' comharrachadh eadar cùisean a tha co-cheangailte ri dleastanas sgrùdaidh na Comataidh agus iadsan a tha co-cheangailte ri sgrùdadh ionmhasail.
- Gus cuideachadh le rianachd na Comataidh, is urrainn pàipearan poileasaidh àbhaisteach no pàipearan fiosrachaidh, tro iarrras le Cathraiche na Comataidh agus/no Oifigear Cunntachail, a chuirteachadh gu h-eileagtronaigeach no sa phost gu buill na Comataidh, a dh'fhaodas aon dòigh a thaghadh airson beachd aontachaidh no eas-aontachaidh. Bidh tilleadh gun bheachd bho bhall den Chomataidh air a mheas mar aonta, mura h-eil an Coimiseanair air a d(h)ealasan fòrlaidh bhliadhnail a shealltainn. Ma thachras gu bheil mòr-chuid ag aontachadh ris na pàipearan, thèid na co-dhùnaidhean clàraichte sin a thoirt air beulaibh na h-ath choinneimh den Chomataidh airson creideasachadh.
- Ma thachras nach fhaigh pàipear co-dhùnadh mòr-chuid no gu bheil Coimiseanair a' togail cunnart nach gabhar ris don Choimisean co-cheangailte ri pàipear, thèid a chur sa chiad àite gu Cathraiche na Comataidh agus/no an Ceannard Obrachaidhean mus cuirear air ais e chun na h-ath choinneimh den Chomataidh airson làn chnuasachadh agus co-dhùnadh.
- Gus dàil a sheachnadh eadar na 4 choinneamhan sa chlàr gach bliadhna, faodaidh aithisg a bhith air a cuairteachadh air post-d, mar a bhios iomchaidh, anns a bheil pàipearan poileasaidh no fiosrachaidh àbhaisteach agus aithisg adhartais air molaidhean In-Sgrùdaidh no Sgrùdadh A-muigh.

RIATANASAN FIOSRACHAIDH

Bidh gach coinneamh den AFC a' faotainn:

Cùisean sgrùdaidh

- aithisg le geàrr-iomradh air atharrachaidhean cudromach ann an Clàr Cunnairt Obrachail agus Loga Chùisean a' Choimisein.
- aithisg adhartais bho riochdaire In-Sgrùdaidh a' dèanamh geàrr-iomradh air obair dhèante agus cùisean a' tighinn am bàrr.
- aithisg adhartais bho riochdaire an Sgrùdaidh A-muigh le geàrr-iomradh air obair dhèante agus cùisean a' tighinn am bàrr.

Cùisean ionmhais

- Na h-aithisgean ionmhasail as ùire.

Mar a bhios iomchaidh, bidh a' Chomataidh a' faotainn:

Cùisean sgrùdaidh

- molaidhean a thaobh Cumhachan Iomraidh an In-Sgrùdaidh
- Ro-innleachd an In-Sgrùdaidh
- Beachd agus Aithisg Bhliadhnail a' Cheannaird In-Sgrùdaidh
- aithisgean barantais càileachd air fuincsean an In-Sgrùdaidh
- dreach chunntasan a' Choimisein
- dreach Aithris Riaghlaidh
- aithisg air atharrachaidhean ann am poileasaidhean cunntasachd
- litir/aithisg sgioba-stiùiridh an Sgrùdaidh A-muigh
- aithisg air co-obrachadh eadar In-Sgrùdadh agus Sgrùdadh A-muigh
- ath-sgrùdadh air Prìomh Chomharran Coileanaidh
- aithisg adhartais air Molaidhean Sgrùdaidh
- *aithisg air rèiteachaidhean is coileanadh Contra Foill is Bribeadh*
- Plana In-Sgrùdaidh bliadhnail
- aithisgean ùrachadh gnothachais bhon Oifigear Chunntachail
- Aithisgean à tùsan eile taobh a-staigh "trì loidhnichean barantais" an fhrèam-obrach barantais cho-fhillte (me, Ath-sgrùdaidhean fèin-mheasaidh an Luaich as Fheàrr, Ath-sgrùdaidhean Gateway, Ath-sgrùdaidhean Sgrùdadh Slàinte, Ath-sgrùdaidhean Barantais ICT, Ath-sgrùdaidhean Coitcheann 1ad Sheirbheis Dhidseatach, Ath-sgrùdaidhean Comasachd Solair, Ath-sgrùdaidhean Prìomh Ìre Solair).

Cùisean ionmhais

- Molaidhean buidseit bhliadhnail mionaideach
- Atharrachaidhean buidseit bhliadhnail cudromach

Tha an liosta gu h-àrd a' moladh nan riatanasan as lugha do na steach-churan a bu chòir a thoirt don AFC. Ann an cuid de cùisean faodaidh barrachd a bhith air a sholarachadh.

GEÀRR-CHUNNTAS NA COMATAIDH SGRÙDAIDH IS IONMHAIS

Gus am Bòrd a chomasachadh gu beachdachadh air cùisean ann an dòigh thimeil, thèid dreach geàrr-chunntais a chur air adhart chun na h-ath choinneimh den Bhòrd, a' leantainn air coinneamh an AFC. Thèid am Bòrd a chomhairleachadh cuideachd, le ùghdarras an Iar-Chathraiche, a bheil

an dreach geàrr-chunntas a bha ann am pàipearan na Comataidh air aontachadh, le no às aonais atharrachadh.